

Your Exams 2018

Tionndadh Gàidhlig



Am fiosrachadh a
dh'fheumas a bhith agad

Na deuchainnean agad

Tha an leabhran seo ag innse nan nithean air am feum fios a bhith agad airson nan deuchainnean agad.

Gheibhear fiosrachadh riatanach ann a dh'fheumas tu leughadh mus suidh thu na deuchainnean agad, fiù 's ged a bhiodh tu air deuchainnean a shuidhe roimhe.

Ma tha ceist sam bith agad mu dad san leabhran seo, bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad. Dh'fhaodadh e a bhith feumail cuideachd am fiosrachadh seo a shealltainn ri pàrant no neach-cùraim, agus bruidhinn riutha ma dheidhinn.

Cuimhnich: dèan ullachadh, na bi iomagaineach agus dèan do dhìcheall.

Cuideachd, gheibh thu tòrr fiosrachadh feumail eile aig **www.sqa.org.uk/learners**

Na deuchainnean - feumalachdan sònraichte

Ma tha taic a bharrachd a dhìth ort no eagrachadh sònraichte airson gin de na deuchainnean agad, bu chòir dhut bruidhinn ris an sgoil no colaiste agad.

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad

Clàr-ama

Gheibhear clàr-ama nan deuchainnean aig www.sqa.org.uk/timetable

Tha cead aig sgoiltean is colaistean atharrachadh beag a dhèanamh air àm tòiseachaidh nan deuchainnean, 's mar sin bu chòir dhut dèanamh cinnteach às amannan nan deuchainnean leis na tidsearan no òraidichean agad.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad dè na deuchainnean a tha thu a' dèanamh, càite am bi thu gan dèanamh agus cuin a thòisicheas iad.

Appaichean SQA

Tha appaichean an-asgaidh ann gus do chuideachadh aig an àm seo.



Leis an app **MyExams**, faodaidh tu clàr-ama pearsanta a chruthachadh agus fhaicinn, notaichean a chur ris, agus 's urrainn dhut a chur ri mìosachain eile.



Tha an app **MyStudyPlan** gad chuideachadh a' riaghladh na h-ùine ionnsachaidh agad le bhith a' cruthachadh plana-ionnsachaidh pearsanta.

Mura h-eil thu airson na h-appaichean a chleachdadh, faodaidh tu clàr-ama dheuchainnean pearsanta a chruthachadh a' cleachdadh an inneal-cruthachaidh chlàran-ama air-loidhne.

Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh aig www.sqa.org.uk/studyplan

Seann phàipearan-deuchainn

Faodaidh tu ullachadh airson do dheuchainnean le bhith a' feuchainn phàipearan-ceist bho bhliadhnaichean a dh'fhalbh.

Faodaidh tu an luchdachadh a-nuas, le stiùireadh airson an comharrachadh, bho www.sqa.org.uk/pastpaperinfo

Uidheam

Dèan cinnteach gu bheil fios agad air dè an t-uidheam a dh'fhaodas tu a chleachdadh agus dè a dh'fheumas tu a thoirt a-steach leat – leithid pinn agus àireamhair. Bidh fios aig na tidsearan no òraidichean agad mu dheidhinn seo.

Chan fhaod thu uidheam a cho-roinn le duine sam bith eile nuair a tha deuchainn a' dol air adhart.

An Scottish Candidate Number agad

'S e an Scottish Candidate Number (SCN) agad an àireamh aithneachaidh phearsanta agad bhon SQA. Bidh na siostaman againn a' cleachdadh an SCN agad airson na tha thu air a choileanadh a chlàradh agus a leantainn. Nì seo cinnteach gum bi am fiosrachadh as ùire san teisteanas agad.

'S urrainn don sgoil no colaiste agad innse dhut dè an SCN a th' agad. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air mus dèan thu na deuchainnean agad – feumaidh tu an àireamh a sgrìobhadh gu ceart, agus gu soilleir, air na leabhranan-freagairt agad.

Faodaidh tu a' chairt SCN aig cùl an leabhraìn seo a chleachdadh gus nota a chumail den fhiosrachadh agad. Faodaidh tu a' chairt seo a thoirt a-steach leat don t-seòmar-dheuchainne, ach chan fhaod thu dad sam bith eile a sgrìobhadh oirre. Ma gheibhear fiosrachadh neo-cheadaichte air a' chairt seo, dh'fhaodadh nach tèid gabhail ris a' phàipear agad agus nach fhaigh thu comharra sam bith airson na deuchainne.

**ATHARRACHAIDHEAN ÙRA
CUDROMACH ANN AN 2018
LEUGH AN LEABHRAN SEO...
fiù ma chunnaic thu e roimhe**

D' ainm agus do sheòladh

Gus dèanamh cinnteach gum faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart aig an sgoil no colaiste agad – a' gabhail a-steach d' ainm agus an seòladh ceart agad.

Ma dh'atharraicheas am fiosrachadh pearsanta agad, feumaidh tu innse don sgoil no don cholaiste agad mus crìochnaich thu airson làithean-saora an t-samhraidh. Thèid aca air am fiosrachadh agad ùrachadh air an t-siostam mus clò-bhuail sinn an teisteanas agad.

MySQA

Faodaidh tu coimhead air an fhiosrachadh phearsanta agad le bhith a' logadh a-steach don chunntas MySQA agad. Mura h-eil cunntas agad mu thràth, faodaidh tu clàradh airson fear aig www.mysqa.org.uk

Dèan cinnteach gun nochd d' ainm air an teisteanas mar a bu toil leat a nochdadh agus gur e an seòladh am fear far a bheil thu ag iarraidh gun tèid an teisteanas agad a chur.

Chan fheudar dhut cunntas MySQA a bhith agad, ach tha e feumail airson dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mud dheidhinn ceart agus bidh feum agad air ma tha thu ag iarraidh na comharraidhean agad fhaighinn air teacs no post-d.

Am fiosrachadh agad

Tha SQA a' cruinneachadh fiosrachaidh mud dheidhinn bhon sgoil no colaiste agad agus bhon ùghdarras ionadail. Bidh sinn cuideachd a' cruinneachadh fiosrachaidh bho na leabhlanan-freagairt deuchainne agad agus stuthan measaidh eile.

Buinidh am fiosrachadh seo uile ri do theisteanasan agus bidh sinn ga chleachdadh airson:

- cùisean a chur air dòigh dhut airson deuchainnean agus measaidhean SQA a dhèanamh
- an Teisteanas Barantas Albannach agad a dhuais eachadh agus a thoirt a-mach
- seirbheisean a tha thu air iarraidh a libhrigeadh, leithid MySQA
- ceistean a fhreagairt
- cùisean far a bheil amharas mu dhroch ghiùlain a rannsachadh

Bidh sinn ga chleachdadh cuideachd air adhbharan staitistearachd is rannsachaidh.

Is dòcha gun sgaoil sinn cuid den fhiosrachadh agad do bhuidhnean eile, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, UCAS, no an sgoil no colaiste agad, agus buidhnean eile a bhios a' libhrigeadh nan seirbheisean againn. Gheibh thu tuilleadh a-mach mun dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh agad aig www.sqa.org.uk/privacystatement

Faodaidh tu lethbhreac iarraidh den fhiosrachadh a th' againn mud dheidhinn — faigh a-mach ciamar a nì thu seo aig www.sqa.org.uk/requestpersonalinformation

Mar phàirt de bhith a' dìon an fhiosrachaidh agad, ma dh'fhònaigeas tu SQA iarraidh sinn ort dearbhadh cò thu mus bruidhinn sinn mu fhiosrachadh sam bith riut. Feumaidh sinn cuideachd cead bhut mus bruidhinn sinn mun fhiosrachadh ri duine sam bith eile, a' gabhail a-steach pàrant no neach-cùraim.

Air latha na deuchainne

A' nochdadh airson na deuchainne agad

Bu chòir dhut a bhith ann agus deiseil taobh a-muigh an t-seòmair-dheuchainn co-dhiù 10 mionaidean ron àm a bu chòir don deuchainn tòiseachadh. Ma bhios tu fadalach, feumaidh tu innse don tidsear no don òraidiche a tha os cionn dheuchainnean SQA. Innsidh iadsan dhut a bheil cead agad an deuchainn a shuidhe.

Mura h-urrainn dhut deuchainn a shuidhe air sgàth 's gu bheil thu tinn no air adhbhar sam bith eile, feumaidh tu innse don tidsear no don òraidiche a tha os cionn dheuchainnean SQA cho luath 's as urrainn dhut.

Rudan toirmisgte

Is e rudan toirmisgte na rudan nach fhaod a bhith agad aig an deasg agad san t-seòmair-dheuchainne. Nam measg, tha na leanas:




Fòn-làimhe



Uidheam eileagtronaigeach leithid cluicheadair MP3, iPod, tablet, smartwatch no inneal sam bith eile a cheanglas ris an eadar-lìon no a thasgas fiosrachadh



Leabhar, notaichean, sgeidsichean no pàipear



Cèis pheansailean/
cèis àireamhair



Àireamhair nuair nach eil e ceadaichte



Faclair – ach a-mhàin ann an cuspairean sònraichte

Mura deach na rudan sin a cheadachadh le SQA mar phàirt de dh'eagrachadh deuchainne, bu chòir dhut am fàgail ann an àite sàbhailte.

A chionn nach fhaod thu rudan toirmisgte a thoirt don t-suidheachan agad, feuch gun seall thu nad phòcaidean agus nad bhaga a dhèanamh cinnteach nach eil gin de na rudan sin agad.

Nuair a tha rudan àraidh ceadaichte ann an deuchainn, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir riaghailtean SQA. Faodaidh an tidsear no an t-òraidiche agad comhairle a thoirt dhut mu dheidhinn seo. Le uidheam eileagtronaigeach, feumaidh tu dèanamh cinnteach nach eile dàta toirmisgte ri fhaotainn no goireasan a bharrachd ann nach eil ceadaichte anns an deuchainn.

Ma tha thu an dùil am faclair agad fhèin a chleachdadh ann an deuchainn far a bheil faclair ceadaichte, feumaidh e a bhith air a sgrùdadh ron deuchainn. Innsidh an tidsear no an t-òraidiche agad dhut ciamar bu chòir sin a dhèanamh.

Deasgaichean

Annas a' mhòr-chuid de sgoiltean no colaistean, thèid àireamh deasga no suidheachain a thoirt dhut airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an àireamh sin mus tòisich an deuchainn. Chan fhaod thu rudan toirmisgte a thoirt leat don t-suidheachan agad. Ma nì thu sin, thèid a cho-dhùnadh gu bheil iad 'air do phearsa' agus is dòcha nach fhaigh thu comharra sam bith airson na deuchainne.

Freiceadain

Canar 'Freiceadain' ris na daoine a bhios a' cumail sùil air na deuchainnean agad. 'S e an obair acasan dèanamh cinnteach gun tèid na deuchainnean agad a chumail a rèir nan riaghailtean agus gu bheil na riaghailtean air an cur an sàs ann an dòigh chothromach. Feumaidh tu stiùireadh sam bith a bheir freiceadan dhut a leantainn. Is e an dleastanas agadsa èisteachd ris an stiùireadh aca agus a leantainn, a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach nach toir thu rudan toirmisgte don t-suidheachan agad.

Mus tòisich an deuchainn, iarraidh am freiceadan ort dèanamh cinnteach nach eil rudan toirmisgte agad aig an deasg. Ma tha, feumaidh tu an toirt thairis agus gheibh thu air ais iad aig deireadh na deuchainne.

Ma thachras rudeigin dhut ris nach robh dùil agad fhad 's a tha an deuchainn a' dol air adhart, leithid gun tòisich thu a' faireachdainn tinn, bu chòir dhut innse don fhreiceadan sa bhad.

Riaghailtean

Tha e cudromach gun lean thu riaghailtean SQA, gus am bi cothrom ceart aig a h-uile duine an coileanadh as fheàrr aca a thoirt gu buil.



Do ghiùlan

Tha gnìomhan mì-fhreagarrach a dh'abharaicheas ùpraid ann an deuchainn gam meas mar dhroch ghiùlan. Chan eil seo cothromach do luchd-tagraidh eile, agus thèid innse do SQA ma dheidhinn agus thèid a rannsachadh. Faodaidh an sgoil no colaiste agad innse dhut barrachd mun rannsachadh seo. Dh'fhaodadh fìor dhroch bhuil a bhith aige. Glè thric tha peanas a' gabhail a-steach call chomharran no nach tèid gabhail ris a' phàipear agad idir.

Am measg nan eisimpleirean de dhroch ghiùlan le luchd-tagraidh tha:

- Stuthan toirmisgte a bhith agad san t-suidheachan agad san t-seòmar-dheuchainne.
- A' leigeil ort gur e neach eile a th' annad san deuchainn no a' leigeil le neach eile an deuchainn a shuidhe dhut.
- Giùlan buaireasach san t-seòmar-dheuchainne.
- A' cleachdadh cainnt no ìomhaighean mì-mhodhail, ana-cainnteach, oilbheumach no leth-bhreitheach nad leabhran-freagairt.
- A' dèanamh lethbhreac de dh'obair tagraiche eile.
- Co-obrachadh cealgach — ag obair còmhla ri tagraichean eile air obair a bu chòir dhut a dhèanamh leat fhèin.
- Mèirle-sgrìobhaidh — gun a bhith a' comharrachadh stòran fiosrachaidh gu ceart agus/no a' cur a-steach obair neach eile mar gum b' e an obair agad fhèin a bh' ann



Pàipearan-cheistean is leabhranan-freagairt

Tha e cudromach gun leugh thu an stiùireadh air aghaidh a' phàipeir-cheistean agad. Dèan cinnteach gun lean thu e gu faiceallach.

Ann an cuid de dheuchainnean, gheibh thu pàipear-cheistean agus leabhran-freagairt fa leth. Ma tha feum agad air tuilleadh pàipeir, bu chòir dhut do làmh a thogail agus iarraidh air an fhreiceadan. Le cuid de chuspairean, gheibh thu tuilleadh dhuilleagan no pàipear graf aig deireadh an leabhraìn.

Feumaidh tu am fiosrachadh pearsanta agad a sgrìobhadh gu soilleir air duilleag aghaidh a' phàipeir-cheistean no an leabhraìn-fhreagairt. Ma chleachdas tu duilleagan pàipeir a bharrachd, cuimhnich an t-ainm agad, an Scottish Candidate Number (SCN) agad, agus an sgoil no a' cholaiste agad a sgrìobhadh air gach duilleag agus cuir iad sin am broinn an leabhraìn-fhreagairt agad.

Obraich tron phàipear gus am faic thu na faclan CRÌOCH A' PHÀIPEIR (END OF QUESTION PAPER). Cha bhi dad eile a dh'fheumas tu freagairt às dèidh sin.

Ma tha duilleagan sam bith sa phàipear-cheistean air nach eil ceistean no stiùireadh sam bith, bidh DUILLEAG BHÀN (BLANK PAGE) sgrìobhte orra. Cha bu chòir duilleag sam bith a bhith gu tur bàn. Ma lorgas tu duilleag a tha gu tur bàn mus fhaic thu na faclan sin, innis don fhreiceadan ma dheidhinn.

A' sgrìobhadh nam freagairtean agad

Feumaidh tu peann a chleachdadh le inc dubh no gorm. Na cleachd pinn 'gel' - faodaidh an sgrìobhadh agad fàs fann thar ùine leis na pinn sin.

Tha e cudromach gun sgrìobh thu gu soilleir. Nì an luchd-comharrachaidh an dìcheall gus an obair agad a leughadh, ach dh'fhaodadh nach urrainn dhaibh comharran a thoirt dhut ma tha an sgrìobhadh agad doirbh a leughadh. Nuair a sgrìobhas tu ann an leabhran-freagairt anns nach eil loidhnichean, feuch gum fàg thu mu 1 cheudameatair eadar na loidhnichean agad.

Ann an cuid de chuspairean faodaidh tu comharran a chall airson mhearachdan ann an litreachadh is puingeachadh. Ma tha iomagain ort mu seo, no mun làmh-sgrìobhadh agad, bu chòir dhut bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad.

Ma tha thu air barrachd air aon oidhirp a dhèanamh air ceist a fhreagairt, cuimhnich loidhne a chur tro obair-phròbhaidh no freagairtean a tha thu ag iarraidh a dhubhadh às.

Seilbh

Nuair a thèid stuthan deuchainne a chur gu SQA, is e stuth-seilbh SQA a bhios annta, agus thèid an cleachdadh airson comharrachadh agus trèanadh.

A' fàgail an t-seòmair-dheuchainne

Ma chrìochnaicheas tu tràth no ma tha thu air nas urrainn dhut a dhèanamh san deuchainn, faodaidh tu cead iarraidh bhon fhreiceadan an seòmair-dheuchainne fhàgail, le bhith a' togail do làimhe. 'S dòcha gun toir iad cead dhut fàgail às dèidh 30 mionaid, ma tha an deuchainn nas fhaide na uair a thìde, no às dèidh 20 mionaid ma tha an deuchainn uair a thìde no nas lugha.

Mus fàg thu, feumaidh tu an leabhar-freagairt is am pàipear-cheistean agad, agus leabhranan-dàta sam bith, a thoirt don fhreiceadan. Mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu comharran a' phàipeir sin a chall uile gu lèir.



Na toraidhean agad

Comharrachadh

Às dèidh nan deuchainnean, tòisichidh an obair-chomharrachaidh. 'S e tidsearan is òraidichean a th' anns an luchd-chomharrachaidh, a chaidh a thaghadh gu cùramach le SQA air sàilleibh an cuid fhiosrachaidh agus eòlais air a' chuspair. Tha gach neach-comharrachaidh a' faighinn trèanadh agus thèid sùil a chumail orra gus dèanamh cinnteach gun comharraich iad obair a h-uile tagraiche ann an dòigh chothromach is chunbhalach.

Às dèidh don obair-chomharrachaidh a bhith deiseil

Nuair a bhios an comharrachadh dèanta, thèid na comharran bhon deuchainn agad a chur ri comharran sam bith a th' agad airson obair-chùrsa no pàirtean eile den chùrsa agad, leithid taisbeanaidhean no deuchainnean-labhairt. Thèid na comharran sin uile a chur còmhla gus ìre iomlan a thoirt dhut.

Feumaidh SQA dèanamh cinnteach nach eil e nas fhasa, no nas duilghe, an aon thoradh fhaighinn ann an diofar bhliadhnaichean. 'S e aon dòigh a nì sinn sin, tro choinneamhan gus crìochan nan ìrean a stèidheachadh. Gach bliadhna, às dèidh na h-obrach-comharrachaidh, bithear a' sgrùdadh toraidhean nan tagraichean aig na coinneamhan seo. Bithear a' co-dhùnadh an uair sin dè an comharra as ìsle a dh'fheumas tu ruigsinn gus A, B, C agus D fhaighinn.

An uair sin, thèid an teisteanas agad a chlà-bhualadh agus a chur don phost.



A' faighinn nan toraidhean agad

Gheibh thu an teisteanas agad air Dimàirt 7 Lùnastal.

Cuideachd, gheibh an sgoil no a' cholaiste agad na toraidhean agad. Ma tha thu a' dol air adhart gu oilthigh no colaiste, gheibh an Universities and Colleges Admissions Service (UCAS) na toraidhean agad cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad air Dimàirt 7 Lùnastal, bu chòir dhut fios a chur chun na sgoile no colaiste agad cho luath 's a ghabhas. Innsidh iadsan dhut dè na toraidhean a fhuair thu, agus obraichidh iad còmhla rinne gus faighinn a-mach dè thachair don teisteanas agad.

MySQA

Tha MySQA a' toirt cothrom tèarainte dhut na toraidhean agad fhaicinn air-loidhne. Faodaidh tu cuideachd roghnachadh na toraidhean agad fhaighinn ann an teachdaireachd teacsa no ann am post-d bho 8m air Dimàirt 7 Lùnastal, a bharrachd air an teisteanas pàipeir a gheibh thu.

Gus na toraidhean agad fhaighinn ann an teachdaireachd teacsa no post-d, feumaidh tu clàradh aig **www.mysqa.org.uk** ro 5f air 17 Iuchar, agus feumaidh tu an cunntas agad a chur an gnìomh ro 5f air 18 Iuchar.

Cuimhnich, ma dh'atharraicheas tu an àireamh fòn-làimhe agad no an seòladh puist-d às dèidh dhut clàradh le MySQA, feumaidh tu am fiosrachadh agad atharrachadh gus am faigh thu teacsa no post-d.

Taic

Tha bhidiothan feumail ann, airson an teisteanas agad a mhìneachadh, aig **www.sqa.org.uk/certificate**

Gheibhear freagairtean airson cheistean cumanta air an làrach-lìn againn aig **www.sqa.org.uk/faqs**

Mura tuig thu an teisteanas agad no ma tha thu a' smaoinichadh gu bheil rudeigin ceàrr air, cuir fios chun na sgoile agad no gu roinn chlàran nan oileanach aig a' cholaiste agad.

Faodaidh tu fios a chur thugainn le bhith a' lìonadh foirm ceiste tagraiche aig **www.sqa.org.uk/candidateenquiryform**

Cuideachd gheibhear comhairle mun teisteanas agad bhon Loidhne Comhairle Luchd-tagraidh bho Dhimàirt 7 Lùnastal gu Dihaoine 10 Lùnastal, air 0345 279 1000.

Results Services

Tha na Results Services againn ann gus do chuideachadh:

- tro àm nan deuchainnean — ma thug suidheachadh neo-àbhaisteach droch bhuidh air do choileanadh, leithid cuideigin faisg ort a' bàsachadh no droch thinneas.
no
- às dèidh latha nan toraidhean — ma tha dragh ann mu na toraidhean agad

Dè ma thachras rud ris nach robh dùil, agus gun tugadh droch bhuidh air mo choileanadh air an latha, no nach urrainn dhomh an deuchainn a dhèanamh?

Bu chòir dhut fhèin no do phàrant no neach-cùraim fios a chur don sgoil cho luath 's a ghabhas.

Bidh cothrom ann bruidhinn mu na roghainnean a th' agad agus a bheil còir agad a bhith air do mheasadh mar ann an Suidheachaidhean Fìor Neo-àbhaisteach. Airson seo tachairt, dh'fheumadh an sgoil no colaiste agad iarrtas a chur gu SQA. Feumaidh seo a bhith taobh a-staigh 10 latha às dèidh na deuchainne agus, air an adhbhar sin, tha e air leth cudromach gum bruidhinn thu riutha cho luath 's as urrainn dhut.

Dè mura h-eil an comharradh air a' phàipear agam a' coimhead ceart?


Bu chòir dhut bruidhinn ma dheidhinn ris an sgoil no colaiste anns a' bhad. Ma tha iad a' saoilinn gur mathaid nach eil an comharradh ceart, faodaidh iad iarraidh air SQA sgrùdadh a dhèanamh air an obair agad. Faodar prìomhachas a chur air an ath-sgrùdadh ma tha feum agad air toradh gus àite a ghleidheadh ann an oilthigh no colaiste.

Bheir an sgoil no colaiste agad làn fhiosrachadh dhut mu na seirbheisean seo. Gheibh thu tuilleadh fiosrachaidh cuideachd bho www.sqa.org.uk/resultsservices

Cuimhnich

- ✓ Nochd ann an deagh àm — co-dhiù 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn.
 - ✓ Thoir leat an stuth ceart — pinn le inc dubh no gorm msaa.
 - ✓ Dèan cinnteach nach eil rudan toirmisgte agad aig an t-suidheachan agad.
 - ✓ Dèan cinnteach gun d' fhuair thu am pàipear-deuchainn ceart.
 - ✓ Sgrìobh d' ainm, an SCN agus an sgoil no a' cholaiste agad air gach pìos obrach a bheir thu seachad (a' gabhail a-steach leabhraing-freagairt agus duilleagan-freagairt a bharrachd).
 - ✓ Sgrìobh gu soilleir.
 - ✓ Leugh an stiùireadh gu lèir agus èist gu cùramach airson fiosrachadh a bharrachd bhon fhreiceadan.
 - ✓ Cuir loidhne tro obair-phròbhaidh sam bith nach eil na pàirt den fhreagairt agad.
 - ✓ Fuirich san rùm gus am bi an deuchainn seachad — chan fhaod thu fàgail tràth ach le cead an fhreiceadain.
- ✗ Na toir rudan toirmisgte don t-suidheachan agad.
 - ✗ Na bi gad ghiùlan fhèin gu buaireasach agus na adhbharaich ùpraid.
 - ✗ Na copaidh bho dhuine eile.
 - ✗ Na co-roinn d' obair le duine sam bith eile.
 - ✗ Na co-roinn an uidheamachd agad le duine sam bith eile.
 - ✗ Na cleachd cainnt no ìomhaighean mì-mhodhail, ana-cainnteach, oilbheumach no leth-bhreitheach sna freagairtean agad.

**Feuch gun srac thu
dheth a' chairt Scottish
Candidate Number agad.**

SCN CARD			
Centre Name	<input type="text"/>		
Your Name	<input type="text"/>		
Date of Birth	<input type="text"/>	<input type="text"/>	<input type="text"/>
Scottish Candidate Number	<input type="text"/>		

Your Exams 2018

Important notes:

- Write your centre name, your name, date of birth and SCN on the card.
- Any unauthorised information found on the card will result in your exam entry being cancelled.
- Tell your centre immediately of any change to your permanent home address.
- Replacement cards cannot be issued.

Ionad Conaltraidh Luchd-cleachdaidh

F: 0345 279 1000

L: www.sqa.org.uk

BD7585 Gearran 2018

